

Coinneamh:	Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm:	25 Ògmhios 2026 aig 09:30m
Càite:	Microsoft Teams

## Clàr-gnothaich – Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

- 1.1. Fàilte is Leisgeulan
- 1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean
- 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile

### 2. Conaltradh

- 2.1. Conaltradh le Luchd-ùidh (Airson Fiosrachadh) duilleag 4  
*Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard*

### 3. Ionmhas

- 3.1. Aithisg Ionmhais (Airson Fiosrachadh) duilleag 7  
*Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra*

### 4. Plana Corporra is Coileanadh

- 4.1. Aithisg air Adhartas air a' Phlana Nàiseanta 2023-28 (Airson Deasbad)  
PT1 Aithisg air Adhartas air a' Phlana Nàiseanta 2023-28 duilleag 9  
*Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh*
- 4.2. Aithisg air Planaichean Gàidhlig (Ri Aontachadh) duilleag 21  
PT1 Aithisg Dearcnachaidh air Planaichean Reachdail 2024/25  
*Calum Rothach, Ceannard Foghlaim is Phlanaichean*
- 4.3. Foghlam agus Ionnsachadh (Airson Fiosrachadh) duilleag 31  
*Calum Rothach, Ceannard Foghlaim is Phlanaichean*

### 5. Rianachd Mhì-chinntean

- 5.1. Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail (Ri Aontachadh) duilleag 34  
PT1 Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail  
*Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra*

## **6. Aithisgean Bliadhnail nan Comataidhean 2025/26 (Airson fiosrachadh)**

### **6.1. Aithisgean Bliadhnail nan Comataidhean**

PT1 Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	duilleag 45
PT2 Aithisg Bhliadhnail Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>	duilleag 50

## **7. Cùisean Corporra**

### **7.1. Atharrachaidhean air Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Ri aontachadh)**

PT1 Dreach Atharrachaidhean air Bun-riaghailtean CPG	duilleag 57
PT2 Bun-riaghailtean Pannal Phlanaichean is Poileasaidh	duilleag 64
PT3 Bun-riaghailtean CPG Tùsail <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>	duilleag 67

### **7.2. Ùrachadh air Sgeama an Ùghdarras Tiomnaidh (Ri Aontachadh)** duilleag 71

PT1 Sgeama an Ùghdarras Tiomnaidh – Atharrachaidhean air an Tracadh
PT2 Sgeama an Ùghdarras Tiomnaidh air ùrachadh
PT3 Sgeama an Ùghdarras Tiomnaidh Tùsail <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>

### **7.3. Gnàth-riaghailtean (Ri Aontachadh)** duilleag 88

PT1 Gnàth-riaghailtean air ùrachdadh
PT2 Gnàth-riaghailtean Tùsail <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>

### **7.4. Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd (Airson Fiosrachadh)** duilleag 146

*Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra*

### **7.5. Pàipear Tuigse Innealta (AI) (Airson Fiosrachadh)** duilleag 148

*Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard*

## **8. Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh**

<b><u>8.1. Plana-obrach 2026/27 (Ri Aontachadh)</u></b>	duilleag 151
PT1 Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh 2026/27 <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>	

## **9. GISBE**

Ceann-là na h-ath-choinneimh: 08/10/2026

**Deireadh an t-Seisein**

<b>Coinneamh:</b>	Bòrd-stiùiridh
<b>Ceann-là:</b>	25 Ògmhios 2026
<b>Tìotal:</b>	Conaltradh le Luchd-ùidh
<b>Gnìomh a dhith:</b>	Airson fiosrachadh
<b>Àireamh pàipear:</b>	2.1
<b>Neach-labhairt:</b>	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
<b>Pàipearan-taic:</b>	Chan eil

## 1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo a' taisbeanadh fiosrachadh mu chonaltradh ro-innleachdail a tha iomchaidh innse don Bhòrd mu dheidhinn. Tha e a' soilleireachadh na h-obrach a tha a' dol air adhart a thaobh ar ro-innleachd conaltraidh agus ar feum air conaltradh le prìomh luchd-ùidh mar a dh'fheumar.

## 2. Riaghaltas na h-Alba

- 2.1. 'S i Màiri NicAillein am Ministear ùr le uallach airson na Gàidhlig, agus 's i Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim, Cultar agus Gàidhlig. Às dèidh don Leas-phrìomh mhinistear roimhe ainmeachadh nach biodh iad a' tilleadh gu Pàrlamaid na h-Alba, chuir Bòrd na Gàidhlig an cèill don Phrìomh Mhinistear cho cudromach 's a tha e suidheachadh a' Chaibineit airson na Gàidhlig a chumail suas, agus tha fàilte air seo. Bha coinneamh aig a' Chathraiche agus an Ceannard leis an Rùnaire Caibineit air sgiobaidhean air 10 Ògmhios far an robh còmhraidhean adhartach againn air na prìomhachasan a tha romhainn. Chaidh aontachadh coinneachadh gu cunbhalach agus loidhnichean conaltraidh làidir a chumail suas.

### **Inbhean airson Sgìrean Cànan Shònraichte (SCS) – Buidheann Stiùiridh**

Tha Riaghaltas na h-Alba air iarraidh air Bòrd na Gàidhlig cuideachadh le dreachdadh nan inbhean airson SCS. Chaidh cumhaichean iomraidh agus plana-obrach foirmeil a dhreacadh ach chan eil iad air an aontachadh fhathast, ged a tha an obair air tòiseachadh. Dh'aidich Rùnaire a' Chaibineit gur e pìos obrach cudromach a tha seo agus gum bi feum air co-obrachadh dlùth gus a thoirt tro na pròiseasan uile a tha a dhìth mus tèid co-chomhairle phoblach a chumail aig deireadh an fhoghair.

- 2.2. Tha atharrachadh mòr air a bhith ann an sgioba na Gàidhlig is na h-Alba. Chaidh David Leng a chur an dreuchd mar Cheannard Roinn na Gàidhlig is na h-Alba às dèidh do Claire Cullen falbh. Tha David air coinneachadh ris an sgioba, agus thadhail e air oifis Steòrnabhaigh.

2.3. Tha atharrachadh air a bhith ann an riaghladh ionmhais Bhòrd na Gàidhlig taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, a tha mar phàirt de ath-eagrachadh nas fharsainge thar sgiobaidhean agus dhleastanasan. Bidh sgioba urrasachd air leth a' cumail sùil air seo a-nis, a tha taobh a-staigh sgioba an fhoghlaim. Tha dùil gun coinnich na sgiobaidhean air 17 Ògmhios.

#### 2.4. **Ath-leasachadh san roinn phoblaich**

Tha ath-leasachadh na roinne poblaich air a mhìneachadh le Riaghaltas na h-Alba mar phrìomhachas. Tha an Ceannard nam pàirt de chruinneachadh foghlaim. Tha an Ceannard nam pàirt de chruinneachadh foghlaim, a tha a' coimhead air cothroman airson sàbhaladh, èifeachdas agus atharrachadh san àite-obrach ann an stiùireadh an Fhoghlaim. Tha an obair seo a' faireachdainn fad às air sgàth nàdar eadar-dhealaichte bhuidseatan obrachaidh diofar bhuidhnean. Chaidh fios air ais a thoirt seachad a thaobh seo. Ach, tha prionnsabalan ath-leasachaidh na roinne poblaich a tha a' buntainn ri èifeachdas, atharrachadh gus buaidh a thoirt seachad agus co-obrachadh nam prionnsabalan a tha aig cridhe obair Bòrd na Gàidhlig.

### 3. **Pàrlamaid na h-Alba**

3.1. Chaidh taghadh Pàrlamaid na h-Alba a chumail air 7 Cèitean agus thòisich seisean ùr na pàrlamaid air 14 Cèitean. Chan eil luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig nam buill de Phàrlamaid na h-Alba, ach tha e cudromach a thoirt fa-near gu bheil buill ann a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, aig a bheil ùidh mhòr anns a' chànan, a cultar, agus a coimhearsnachdan, a bharrachd air an fheadhainn a tha a' riochdachadh sgìrean far a bheil a' chànan ga cleachdadh. Chaidh litrichean a chur gu BPA gan meal-a-naidheachd air an taghadh, agus a' sireadh com-pàirteachaidh.

Bu chòir a thoirt fa-near cuideachd gur e comataidh an Fhoghlaim is na Gàidhlig a chanar ris a' chomataidh Foghlaim, Clann is Òigridh a bh' ann roimhe.

3.2. Tha sinn a' conaltradh ri oifisean nam BPA air a' Bhuidheann Thar-phàrtaidh airson na Gàidhlig agus tha sinn an dùil gun tèid a' chiad choinneamh a chumail san t-Sultain an dèidh saor-làithean an t-samhraidh.

### 4. **Moladh**

Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear.

### 5. **Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail**

5.1. **Buidhean air Ionmhas:** Chan eil

5.2. **Buidhean air Luchd-obrach:** Atharrachadh ann an dàimhean obrach

5.3. **Buidhean air Trèanadh:** Chan eil

- 5.4. **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra:** Tha seo a' cuir ri adhartachadh agus libhrigeadh a' phlana chorporra agus an ro-innleachd conaltraidh bhon taobh a-muigh
- 5.5. **Buaidhean air Cliù:** Togaidh seo cliù na buidhne le barrachd mothachaidh air a' bhuidhinn agus an obair a bhios sinn a' dèanamh
- 5.6. **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd:** Chan eil
- 5.7. **Buaidhean Laghail:** Chan eil
- 5.8. **Buaidhean air Co-ionannachd:** Chan eil
- 5.9. **Buaidhean air an Àrainneachd:** Chan eil

## 6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		

## 7. Cùrsa Riaghlachais

- 7.1. Thug an Sgioba Stiùiridh fa-near don phàipear seo air 11 Ògmhios 2026.

## 8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 8.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

<b>Coinneamh:</b>	Bòrd-stiùiridh
<b>Ceann-là:</b>	25 Ògmhios 2026
<b>Tìotal:</b>	Aithisg Ionmhais
<b>Gnìomh a dhìth:</b>	Airson Fiosrachadh
<b>Àireamh pàipear:</b>	3.1
<b>Neach-labhairt:</b>	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra
<b>Pàipearan taic:</b>	Chan eil gin ann.

## 1. Adhbhar

- 1.1. Is e fiosrachadh a thoirt dhan Bhòrd air an t-suidheachadh ionmhasail mar a bha e air 31 Màrt 2026 adhbhar a' phàipeir seo.

## 2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Ann an 2025/26 bha Tabhartas gus Cuideachadh (GiA) bunaitheach de £6,325k aig Bòrd na Gàidhlig.
- 2.2. Chaidh suim a bharrachd de £46k, bho Riaghaltas na h-Alba, a chur ris a' bhuidseit gus pàigheadh airson màl An Tosgan.
- 2.3. Gu deireadh a' Mhàirt, chaidh £6,375k a chosg gu h-iomlan, a' ciallachadh gun robh tar-chosgais de £4k ann an 2025/26.
- 2.4. Bha suim £9k air a thoirt air adhart bhon bhliadhna ionmhais roimhe a rinn frith-chothromachadh (*offset*) agus dh'fhàg seo £5k sa bhanca.
- 2.5. Thèid an £5K seo a thoirt air adhart gu 2026/27 air adhbharan gnìomhachais.
- 2.6. Tha geàrr-iomradh gu h-iseal air suidheachadh ionmhas deireadh bliadhna:

		31 March 2026			
		BUDGET £'000	ACTUAL £'000	VAR £'000	VAR %
FUNDING / INCOME	Cash brought forward	9	9	-	-
	Grant in Aid - baseline	6,325	6,325	-	-
	GiA additional funding	46	46	-	-
	<b>TOTAL BUDGET</b>	<b>6,371</b>	<b>6,371</b>	<b>-</b>	<b>0%</b>
EXPENDITURE	GLAIF	1,140	1,195	55	5%
	Other Development	3,347	3,450	103	3%
	<b>TOTAL DEVELOPMENT COSTS</b>	<b>4,487</b>	<b>4,645</b>	<b>158</b>	<b>4%</b>
	Staff Costs	1,379	1,219	-160	-12%
	Other Operating Costs	505	510	5	1%
	<b>TOTAL OPERATING COSTS</b>	<b>1,884</b>	<b>1,730</b>	<b>-154</b>	<b>-8%</b>
<b>TOTAL COSTS</b>	<b>6,371</b>	<b>6,375</b>	<b>4</b>	<b>0%</b>	

### 3. Moladh

3.1. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird-stiùiridh:

- Beachdachadh air an aithisg agus am fiosrachadh a thoirt fa-near.

### 4. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buaidhean air Ionmhas: Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.
- 4.2. Buaidhean air Luchd-obrach: Chan eil buaidh ann.
- 4.3. Buaidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Gum bi ar n-obair a' fiosrachadh agus a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus air poileasaidhean a bheir buaidh air a Ghàidhlig.
- 4.5. Buaidhean air Cliù: Tha e cudromach gun lean Bòrd na Gàidhlig air adhart a' dearbhadh gu bheil e a' riaghladh an ionmhais aige gu h-èifeachdach.
- 4.6. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil buaidh ann.
- 4.7. Buaidhean air Laghail: Chan eil buaidh ann.
- 4.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.
- 4.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

### 5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		

### 6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Thug an Sgioba Àrd Stiùiridh fa-near don phàipear seo air 9 Ògmhios 2026.

### 7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

<b>Coinneamh:</b>	Bòrd-stiùiridh
<b>Ceann-là:</b>	25 Ògmhios 2026
<b>Tìotal:</b>	Aithisg air adhartas leis a' Phlana Nàiseanta 2023-28
<b>Gnìomh a dhith:</b>	Airson Deasbad
<b>Àireamh pàipear:</b>	4.1
<b>Neach-labhairt:</b>	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche
<b>Pàipearan-taic:</b>	PT1 - Aithisg air adhartas air gnìomhan a' Phlana Nàiseanta

### 1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas air coileanadh nan Raointean Prìomhachais agus gnìomhan a tha air aithneachadh anns a' Phlana Nàiseanta 2023-28 agus cothrom a thoirt air beachdachadh air na tha fhathast ri choileanadh anns a' Phlana.
- 1.2. An dèidh beachdan a' Bhùird-stiùiridh fhaighinn thig am fiosrachadh air adhart chun an Riaghaltas airson beachdachadh air dè tha a dhith anns an ùine a tha romhainn airson amasan a' Phlana a choileanadh.

### 2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha am Plana Nàiseanta a' toirt iomradh air Raointean Prìomhachais agus gnìomhan airson Gàidhlig a bhrosnachadh thar nan còig bliadhna. Chan eil gnìomhan ceangailte ris a h-uile prìomhachas agus tha prìomhachasan anns a' Phlana aig nach eil gnìomhan sònraichte ceangailte. Tha am pàipear aig PT1 a sealltainn nam prìomhachasan agus nan gnìomhan agus gan ceangal còmhla far a bheil seo furasta a dhèanamh.
- 2.2. Tha geàrr-chunntas air na Raointean Prìomhachais agus na gnìomhan agus air adhartas ri fhaicinn aig PT1. A-mach à 35 gnìomhan, tha fianais ann gu bheil adhartas ga dhèanamh air 25 dhiubh ach gu bheil adhartas/fianais a dhith air na gnìomhan eile.
- 2.3. Tha cuid dhe na gnìomhan soilleir gu leòr airson aithneachadh càite bheil uallach a' suidhe airson an toirt air adhart ach tha ceistean fhathast mu dheidhinn cuid eile.
- 2.4. Ged a tha obair a dhith gu h-àraidh air raointean prìomhachais na dachaigh, gnìomhachais agus na h-eaconamaidh agus Foghlaim 0-18 tha an adhartas a bhiodh an dùil air a dhèanamh thuice seo.
- 2.5. Tha a Riaghaltas air tòiseachadh a chur an gnìomh Achd na Canain Albannach 2025 agus bith sinn a toirt buaidh air cuid de gnìomhan. Chì Buill gu bheil iomradh ga thoirt as a phàipear taic gu bith cur a gnìomh Sgìrean Canain Sònraichte a toirt a staigh cuid de gnìomhan agus cha bhith adhartas soilleir ri fhaicinn gus a tig adhartas air a seo.

### 3. Moladh

- 3.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo agus a' gabhail beachd air an adhartas agus air an t-soillearachd a tha a dhith airson adhartas a dhèanamh air a' Phlana.

Oifigeil  
Pàipear 4.1

- 3.2. Gun aontaich Buill am fiosrachadh a-nis a chur air adhart chun an Riaghaltais airson measadh farsaing a dhèanamh air adhartas leis a' Phlana gus beachd a ghabhail air na h-amasan agus prìomhachasan anns na bliadhnaichean ri tighinn.

#### 4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh air ionmhas ged a tha goireasan gu leòr cudromach ma tha gnìomhan agus prìomhachasan a' Phlana rin coileanadh.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Tha am paipear a' toirt fa-near dhan obair a tha luchd-obrach a' Bhùird ris tron bhliadhna.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra: Tha an aithisg a' toirt iomradh air coileanadh amasan ro-innleachdail agus corporra
- 4.5. Buidhean air Cliù: Tha e riatanach gum bi sinn a' coileanadh nan gnìomhan agus prìomhachasan a tha a' tuiteam air a Bhòrd agus tha seo a' toirt buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.
- 4.7. Buidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd nan Cànan Albannach 2025.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

#### 5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		

#### 6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Thug an Sgioba Àrd Stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air 9 Ògmhios 2026.

#### 7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

## Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023 gu 2028 - Adhartas air Raointean Prìomhachais agus gnìomhan

Coimhearsnachd, Raointean Prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
<i>Tha na raointean prìomhachais airson na Coimhearsnachd gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>			
Lionraidhean coimhearsnachd na Gàidhlig agus coimhearsnachdan air-loidhne			
Ag aithneachadh Sgìrean a tha Cudromach dhan Ghàidhlig	A2	Ag aithneachadh gu bheil sgìrean a tha cudromach dhan chànan agus aig a bheil feumalachdan eadar-dhealaichte – nithear barrachd beachdachaidh sònraichte air seo agus thèid ceumannan a ghabhail gus am bi cruthachadh agus libhrigeadh poileasaidh a rèir seo thar beatha phoblach na h-Alba.	Bile na Canain aig ìre 3 ann a Phàrlamaid na h-Alba air 17/6/25 - tha Sgìrean Gàidhlig aithnichte mar phàirt dhen Bhile
Planaichean Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd	A1	Thèid Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd a chruthachadh airson 3 prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig le taic agus Stiùireadh air ullachadh, air am faigh coimhearsnachdan eile cothrom ro 2028.	Dreach Phlanaichean aig Coimhearsnachd Uibhist agus cuideachd aig Coimhearsnachd Iar Thuath Leòdhais
Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach	D2	Bho 2024 bu chòir do Mheasaidhean Buaidh Coimhearsnachd nan Eilean (ICIA), far a bheil iad seo a dhìth, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh gu ceart air buaidhean cànanach ann an leasachaidhean bun-structair ann an sgìrean a tha cudromach a thaobh a' chànan.	Tha stiùireadh ICIA ag iarraidh gun tèid buaidh na Gàidhlig a thoirt fa-near agus gun tèid ceumannan a chomharrachadh gus a' bhuidh a lughdachadh no a leasachadh mar a tha dhìth. Bheir tòiseachadh Achd nan Cànanan Albannach 2025 bhon t-Samhain 2025 seachad an dòigh airson Sgìrean Canain Sònraichte a chomharrachadh agus an uairsin faodar èifeachdas ICIA a thaobh na Gàidhlig a mheasadh gu ceart.
Lionra Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig	A3	Bho 2024 bidh lionra aithnichte de dh'Oifigearan Gàidhlig ann le goireasan iomchaidh. Thèid seo a chumail suas agus thèid taic a chumail ris na h-oifigearan gus raon de ghniomhachdan leasachaidh Gàidhlig agus sòisealta a thoirt seachad.	lionra aithnichte de dh'Oifigearan Gàidhlig stèidhichte

<b>Gaelic community events and activities for young people</b>	<b>F5</b>	<p>Thèid gnìomhan taobh a-muigh a’ churraicealaim airson FtG a cho-òrdanachadh agus thèid taic a chumail riutha ann an Ro-innleachd Òigridh Gàidhlig a bhios a-mach airson co-chomhairle airson 2026. – a’ gabhail a-steach mar eisimpleir, spòrs, cultar, deasbadan agus cur-seachadan</p>	<p>Bha CnaG a toirt air adhart an obair a Ro-innleachd Òigridh agus chaidh a dreach a chrìochnachadh as a Ghiblein 2025. Tha Oifigearan Bhòrd na Gàidhlig a nis a cleachdadh a dreach airson an ath cheum a ghabhail.</p>
<b>Tachartasan coimhearsnachd Gàidhlig agus cur-seachadan do dhaoine òga</b>	<b>A4</b>	<p>Thèid taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann am beatha agus obair Urrasan Coimhearsnachd , buidhnean treas roinne, eaglaisean agus buidhnean creideimh agus thèid am brosnachadh barrachd, gu sònraichte ann an sgìrean le àireamh-sluaigh ìosal.</p>	<p>Taic ga thoirt seachad nuair a tha iarrtasan a tighinn a staigh ach barrachd a dhith a thaobh fhaighinn faisg Bidh buaidh aig Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig an Treas Roinn Innse Gall, a chaidh a mhaoineachadh bho Lùnastal 2025, air seo agus thèid adhartas a mheasadh anns a’ bhliadhna a tha romhainn.</p>
<b>Urrasan coimhearsnachd agus buidhnean san treas roinn, Eaglaisean agus buidhnean creideimh</b>	<b>A4</b>	<p>Thèid taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann am beatha agus obair Urrasan Coimhearsnachd , buidhnean treas roinne, eaglaisean agus buidhnean creideimh agus thèid am brosnachadh barrachd, gu sònraichte ann an sgìrean le àireamh-sluaigh ìosal.</p>	<p>Taic ga thoirt seachad nuair a tha iarrtasan a tighinn a staigh ach barrachd a dhith a thaobh fhaighinn faisg</p>

An Dachaigh, Raointean Prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
<i>Tha na raointean prìomhachas Dachaigh gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' meudachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Dachaighean agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>			
Goireasan didseatach a tha a' libhrigeadh deagh chleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig san dachaigh			
NHS agus ùghdarrasan poblach a' brosnachadh na Gàidhlig san dachaigh			
Leabhraichean agus goireasan Gàidhlig			Taic maoineachaidh air a thoirt seachad gu Comhairle nan Leabhraichean, Acair agus Stòrlann
Taic ri ceuman a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean			
A' brosnachadh dhaoine gus barrachd cleachdadh na Gàidhlig a thoirt a-steach san dachaigh a-rithist			
Oifigearan Coimhearsnachd a' cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh	B3	Thèid comhairle ullachadh do phròiseactan Gàidhlig agus oifigearan leasachaidh Gàidhlig air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aca air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.	
Solar Tràth-bhliadhnaichean FtG aois 0-3 agus iomairtean co-cheangailte	B1	Thèid pròiseact pileat nàiseanta a stèidheachadh gus taic a thoirt do dh'ionadan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 0-3 agus gus fàs a thoirt air le solar nas fheàrr de sheirbheisean cùram-chloinne Gàidhlig rim faighinn a tha a' toirt trèanadh do stiùirichean-cluiche agus a tha ceangailte ri bun-phreantasachdan.	Chaidh Aithisg sgrùdaidh a rinn an t-Ollamh Wilson MacLeoid fhoillseachadh ann a 2024 agus tha BnG a nis a toirt air adhart an obair seo an dèidh aithisg aontachadh le Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan aig a Bhòrd
Taic gus Gàidhlig ionnsachadh do Phàrantan FtG	B2	Thèid an taic a th' ann do phàrantan FtG ath-sgrùdadh is a neartachadh.	Tha Stòrlann a' toirt taic do làrach-lìn Gaelic4parents, agus seanalan meadhanan sòisealta co-cheangailte ris, gus raon farsaing de ghoireasan do phàrantan FTG ann a bhith a' leasachadh an cuid sgilean Gàidhlig.

Gnìomhachasan Cruthachail, Raointean Prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
<p><i>Tha na raointean prìomhachais airson nan Gnìomhachasan Cruthachail gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig anns na Gnìomhachasan Cruthachail agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i></p>			
<p>MG ALBA agus lionra de chompanaidhean meadhanan Gàidhlig</p>	<b>C5</b>	<p>Bidh gach buidheann iomchaidh ag obair còmhla gus dèiligeadh ris an easbaidh a tha mu choinneamh BBC ALBA ann an craoladh ann am mion-chànan agus ag aithneachadh a' chomais eaconamaich, shòisealta agus foghlaim a tha aig craoladh Gàidhlig gus taic a chumail ri coimhearsnachd an luchd-labhairt.</p>	<p>"tha adhartas air a bhith ann san t-seagh gu robh còmhraidhean ann eadar riaghaltasan na h-Alba agus na RA. Agus tha DCMS air bruidhinn ri daoine aig a bheil eòlas air suidheachadh nam meadhanan Gàidhlig mar phàirt den obair measaidh aca air maoinneachadh nam meadhanan mion-chànanach."</p>
<p>Taic MG ALBA ris na h-ealainean Gàidhlig Gnìomhan sna meadhanan a tha tarraingeach do dhaoine òga</p>			
<p>Fèisean nan Gàidheal</p>	<b>C4</b>	<p>Aithnichidh planaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach an comas a th' aig buidhnean Gàidhlig leithid Fèisean nan Gàidheal, Ceòlas agus An Comann Gàidhealach cur ris an taic a th' aca dhan Ghàidhlig sna sgìrean aca.</p>	<p>Tha fianais ri fhaicinn as na planaichean gu bheil foir aig na ùghdarrasan poblach air na Buidhnean Gàidhlig</p>
<p>Buidhnean, gnìomhan agus fèisean ealain</p>	<b>C1</b>	<p>Thèid ro-innleachd Ghàidhlig ullachadh le prìomhachasan ann an turasachd, ealainean, dualchas agus an eaconamaidh, le VisitScotland, Alba Chruthachail agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba ag obair còmhla air seo.</p>	<p>Chaidh Ro-innleachd turasachd na Gàidhlig do dh'Alba 2024-2029 fhoillseachadh le Visit Scotland</p>
<p>Buidhnean ealainean Gàidhlig</p>	<b>C3</b>	<p>Co-òrdanaichidh Bòrd na Gàidhlig com-pàirteachas le Alba Chruthachail a bhios a' stiùireadh cruthachadh agus deasachadh Ro-innleachd Ealainean Gàidhlig Nàiseanta</p>	<p>Cha robh ùine aig Alba Chruthachail Coimhead air a seo gus a robh a Sgeama Maoineachaidh ioma-bliadhna aca a ruith. Tòiseachaidh an Còmhraidh anns an t-samhradh 2025</p>
<p>Am Mòd Nàiseanta Rìoghail</p>	<b>C2</b>	<p>A' togail air an ro-innleachd seo, bidh an com-pàirteachas seo ag obair gu gnìomhach le com-</p>	

		pàirteachasan Leasachadh Luchd-obrach Òga (DWY) gus bun-phreantasachdan Gàidhlig agus nua-phreantasachdan Gàidhlig a chruthachadh anns na h-ealainean, turasachd dualchais agus san eaconamaidh cho-cheangailte.	
Taic gus susbaint meadhanan didseatach a chruthachadh agus a chleachdadh			

Gnìomhachas agus an Eaconamaidh, Raointean Prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
Tha na raointean prìomhachais airson Gnìomhachas agus an Eaconamaidh gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig san raon seo agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.			
Gàidhlig san àite-obrach, seirbheisean agus bathar			Tha HIE air modal trèinidh a chruthachadh dhan luchd obrach aca fhèin agus tha iad air sgeulachdan soirbheachais a chruinneachadh bho Gnìomhachasan ris a bheil iad ag obair
Buaidh eaconamach na Gàidhlig ann an Alba	D3	Beachdaichidh na h-ùghdarrasan poblach aig a bheil raon-ùghdarras leasachaidh airson roinnean le buaidh eaconamach agus aig a bheil Plana Gàidhlig air leasachadh na Gàidhlig mar stòras eaconamach agus nì iad ro-innleachd air seo.	Tha HIE air a bhith ag obair le prìomh bhuidhnean Gàidhlig gus taic a thoirt don obair aca. Tha iad air na raointean a leanas a chomharrachadh: <ul style="list-style-type: none"> <li>• Buaidh Eaconamach na Gàidhlig</li> <li>• Buaidh Shòisealta na Gàidhlig</li> <li>• Slighean a tha a dhìth gus buaidh a Gàidhlig àrdachadh agus luchd-obrach a bhrosnachadh as a chanain</li> </ul>
Sgilean tionnsgalachd is ceannais Gàidhlig	D4	Thèid seata-innealan sgilean tionnsgalachd is ceannais gnìomhachais a chruthachadh	Chaidh 2 phròiseact pileat a ruith: Cruthachadh Chothroman: A' Cur ri Fàs san àm ri Teachd agus Maoin Dùbhlain Dhidseatach Gàidhlig
Margaidh obrach na Gàidhlig, leasachadh sgilean agus prògraman trèanaidh			
Cothroman obrach san roinn phoblaich agus phrìobhaidich			
FtG, preantasachdan agus dreuchdan	D1	Bidh Bun-phreantasachdan agus Nua-phreantasachdan rim faighinn agus thèid am brosnachadh do sgoilearan san ìre as àirde a tha ag iarraidh a bhith ag obair anns na tràth-bhliadhnaichean is cùram-sòisealta, na gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh is deoch agus an àrainneachd nàdarra.	Tha SDS a' ruith prògraman ionnsachaidh stèidhichte air obair, leithid Bun-phreantasachdan agus Nua-phreantasachdan do sgoilearan air feadh Alba. Mar phàirt den iomairt Adhartais nas Luaithe, bidh SDS agus HIE a' stiùireadh sruth-obrach an Eaconamaidh is Margaidh Làbarach far a bheil iad, còmhla ri ar luchd-ùidh, a' coimhead air dòighean air seo a leudachadh agus cothroman a thoirt do sgoilearan/preantasan a bhith ag obair ann an àitean-obrach Ghàidhlig. Tha iad a' coimhead air frèamaichean ùra a leasachadh a bharrachd air an fheadhainn a tha iad a' libhrigeadh an dràsta

			agus tha iad ag obair le Buidhnean eile gus frèamaichean ùra a leasachadh agus a chur an gnìomh. Bidh iad cuideachd a' cur air dòigh agus/no a' frithealadh thachartasan Dreuchdail agus tha iad cuideachd air co-labhairtean a lìbhrigeadh do sgoilearan FtG/FtG a' soilleireachadh buannachdan sgilean Gàidhlig agus na cothroman a ri fhaighinn às dèidh na sgoile.
--	--	--	--

Ùghdarrasan Poblach, Raointean Prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
<i>Tha na raointean prìomhachais airson ùghdarrasan poblach gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an obair ùghdarrasan poblach agus air am beachdaich iad fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i>	E4	Nithear barrachd rannsachaidh air a' phàirt a th' aig a' Ghàidhlig agus a cultar ann a bhith a' brosnachadh fèin-spèis, slàinte is sunnd agus nithear barrachd adhartais ann a bhith a' cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach co-cheangailte ris an àrainneachd nàdarra.	Tha aithisg rannsachaidh a chaidh a chrìochnachadh airson BnG le DC Research ann an 2024 air a' Ghàidhlig agus Sunnd a' comharrachadh ghniomhan a tha air builean sunnd a libhrigeadh. Tha an aithisg cuideachd a' mìneachadh chùisean agus chothroman agus an fheum air mothachadh agus meas a mheudachadh am measg luchd-dèanamh phoileasaidh air Sunnd. Tha UHI air toraidhean an t-suirbhidh a chleachdadh gus pròiseact pìleat a thòiseachadh leis na h-oileanaich aca.
Planaichean Gàidhlig	E1  E3	Thèid an siostam de Phlanaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh agus thèid an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh is ùrachadh ann an 2024. Bheir Bòrd na Gàidhlig taic agus comhairle seachad cuideachd airson planaichean Gàidhlig saor-thoileach.  Thèid buidheann oifigearan nam planaichean Gàidhlig a chur air bhog a-rithist bho 2024 gus taic a thoirt do na h-ùghdarrasan agus na buidhnean sin le am planaichean fa leth agus airson a bhith a' brosnachadh co-roinn deagh chleachdadh.	Chaidh Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh is ùrachadh ann an 2024  Mar phàirt de coinneamhan Lìonra Oifigearan ach bith coinneamhan sònraichte ann bhon Dàmhair 2025
Bile nan Cànan Albannach le ullachadh airson na Gàidhlig			Chaidh Achd na Canain (Albannach) 2025 aontachadh agus chaidh a' chead Riaghailtean Tòiseachaidh a chur an gnìomh san t-Samhain 2025
Faicsinneachd agus Soidhnichean Gàidhlig	E2	Cumaidh planaichean Gàidhlig taic ri iomairtean a chuireas ri faicsinneachd na Gàidhlig air feadh na h-Alba.	Mar phàirt do phlanaichean Gàidhlig - ach feumach air leirmheas
Ùghdarrasan Poblach ag obair ann an coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig	E5	Gabhaidh Planaichean Àite Ionadail a chleachdadh gus taic agus neartachadh a thoirt dhan Ghàidhlig ann an Coimhearsnachdan. Thèid an cothrom seo a bhrosnachadh agus thèid eisimpleirean de dheagh chleachdadh a cho-roinn.	Bith seo mar phàirt dhen obair leasachaidh air Sgìrean Canain Sònraichte a bhios ga cruthachadh nuair a tha Achd na Canain Albannach 2025 ga chur an gnìomh
Ullachaidhean Gàidhlig ann am Measadh Buaidh Coimhearsnachdan nan Eilean	E6	Bidh buidhnean agus ùghdarrasan a tha ag obair ann an sgìrean eileanach a' deasachadh Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd nan Eilean, a' toirt aire do na gealltanasan aca a thaobh na Gàidhlig.	Còmhla ri Sgìrean Canain Sònraichte bith inbhean gan cur an gnìomh airson adhartas a mheasadh.

Foghlam 0-18, Raointean, prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
<b><i>Tha na raointean prìomhachais airson foghlaim sgoile gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i></b>	F1	Thèid an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig ath-sgrùdadh agus an uair sin thèid a bhrosnachadh gu farsaing taobh a-staigh saoghal foghlam na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a tha an sàs ann am FtG a' cumail ris na prionnsabalan ann.	Co-chomhairle poblach air a chrìochnachadh 2025 agus a dreach air a chur air adhart gu Ministearan anns an t-luchar 2025
Solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sna Tràth-bhliadhnaichean, sa Bhun-sgoil agus san Àrd-sgoil	F2	Thèid Maoin Calpa nan Sgoiltean Gàidhlig a chleachdadh gus fàs a thoirt air FtG a' gabhail a-steach sgoiltean fa leth ann am beatha a' Phlana seo.	
Lìbhrigeadh curraicealaim FtG air-loidhne gu didseatach	F6	Thèid dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chruthachadh airson taic FtG do thidsearan ann an sgoiltean.	Tha Foghlam Alba a' toirt air aghaidh <b>Cearcall Leasachadh a' Churraicealaim</b> . Bidh seo air a cho-roinn le sgoiltean bhon t-samhradh 2026.
Goireasan agus trèanadh gus taic a chumail ri clann agus òigridh le feumalachdan taic a bharrachd	F3	Thèid dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a chruthachadh airson Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	Chaidh an aithisg <b>A' Luachadh Càileachd Foghlam na Gàidhlig</b> bho Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba fhoillseachadh as a Ghearran 2026. Tha an aithisg a' comharrachadh raointean cudromach ris am feumar dèiligeadh.
Curraicealam FtG, Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde ann an roinn na h-àrd-sgoile	F7	Bidh taic ann gus an roghainn de chuspairean FtG aig ìre na h-àrd-sgoile a leudachadh	Chaidh an aithisg-rannsachaidh FASTG: Measadh agus Molaidhean Leasachaidh fhoillseachadh sa Mhàrt 2026. Na cois tha molaidhean air FASTG don luchd-ùidh air fad.
Taic agus goireasan airson FtG	F6	Thèid dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chruthachadh airson taic FtG do thidsearan ann an sgoiltean.	
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig L2, L3, Foghlam Farsainn Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde	F4	Bithear a' beachdachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dh'obair bhuidhnean foghlaim leithid Buidheann Comhairleachaidh Planadh Feachd-obrach an Luchd-teagaisg, am Bòrd Ro-innleachdail airson Foghlam Luchd-teagaisg agus thar gach taobh de dh'ath leasachadh foghlaim.	

Ionnsachadh às dèidh ìre sgoile agus ionnsachadh inbheach, Raointean Prìomhachais	Iomradh	Gnìomh	Adhartas aig Ògmhios 2026
<b><i>Tha na raointean prìomhachais airson foghlaim inbheach agus às dèidh ìre sgoile gu h-ìosal a' toirt seachad fòcas soilleir airson a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam inbheach agus às dèidh ìre sgoile agus air am beachdaich ùghdarrasan fhad 's a tha iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.</i></b>	G1	Bidh Bòrd na Gàidhlig a' co-òrdanachadh agus a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach	Bheir Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach frèam-obrach airson iomairtean leithid Speak Gaelic. Thig comasan cànan a mheasadh tro leasachadh frèam-obrach FICE a tha SMO a toirt air adhart airson comasan canan a thomhais.
SpeakGaelic agus cothroman foghlaim inbheach eile do luchd-ionnsachaidh	G3	Bithear a' cumail taic ri SpeakGaelic gus an tèid obair leasachaidh air a' chùrsa a chrìochnachadh ro dheireadh 2024	Chaidh ìre 1 a chrìochnachadh ro Mairt 2025 agus thaing aithisg a staigh. Tha Sgioba na Pròiseact a beachdachadh air an ath cheum agus bith a Ro-innleachd ionnsachaidh Inbhich a toirt stiùir dhan ath cheum
Sgilean Gàidhlig ann an cothroman cosnaidh, slighean fastaidh, trèanadh sgilean agus preantasachdan	G4	Bidh trèanadh agus taic ri fhaotainn do luchd-taic cànan airson FtG	Tha na Luchd-cuideachaidh Cànan FtMG ag obair airson Comhairlean Ionadail agus leis a sin tha uallach air na Comhairlean a dhèanamh cinnteach gu bheil trèanadh aca. Tha cuid dhiubh a gabhail pàirt ann a programan preantasachd ann an àiteachan-obrach le Gàidhlig mar ionadan Tràth-bhliadhnaichean agus sgoiltean-àraich. Tro na modhan-obrach càileachd aca, bith SDS a' dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh agus taic aig na luchd-trèanaidh aca, agus bith iad a' cumail sùil air na cunnraidhean a bhios a' lìbhrigeadh nam prògraman sin.
Foghlam Tùsail Luchd-teagaisg airson FtG	G2	A' brosnachadh agus a' cumail taic ri slighean a-steach gu teagasg FtG	Tha BnG a cumail taic ro SMO agus na h-oilthighean agus a toirt seachad fios air slighean gu teagasg airson sgoileirean agus oileanaich
Cùrsaichean proifeiseanta do luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean ann an roinn FtG			Chuir BnG air dòigh cothroman trèanaidh do chomataidhean agus luchd-taice tràth-bhliadhnaichean ann an 2025/26.
Leasachadh proifeiseanta ann an ceannardas air feadh FtG			
Ionnsachadh na Gàidhlig ann an ionadan Foghlam Adhartach/ Foghlam Àrd-ìre	G5	Cumaidh Bòrd na Gàidhlig air a' stiùireadh Buidheann-obrach Acadaimigeach na Gàidhlig a tha a' cruthachadh dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh gach riatanas corpais iomchaidh	Bheachdaich coinneamh BOAG san t-Samhain 2024 air pàipear air an dòigh-obrach san àm ri teachd a thaobh riatanasan corpus - mar thoradh air an seo chuir BnG tairgse a-mach san Dùbhlachd 2024 airson an obair seo a leasachadh.
Rannsachadh Gàidhlig agus leasachadh air a' Bhun-structair Chànanach	G6	Leantar agus neartaichear an taic a th' ann airson iomairtean bun-structair cànan. Thèid ro-innleachd airson leasachadh, co-òrdanachadh agus cumail suas ghoireasan cànan a chruthachadh airson 2025 agus bidh i an uair sin na pàirt den obair leantainneach aig Buidheann-obrach Acadaimigeach na Gàidhlig (BOAG)	Chaidh cumhnant aontachadh le Oilthigh Ghlaschu airson seo a thoirt air adhart agus tha BOAG a tighinn còmhla airson adhartas a dhèanamh air a seo

<b>Coinneamh:</b>	Bòrd-stiùiridh
<b>Ceann-là:</b>	25 Ògmhios 2026
<b>Tìotal:</b>	Aithisg air dearcnachadh phlanaichean reachdail 2024-25
<b>Gnìomh a dhìth:</b>	Ri Aontachadh
<b>Àireamh pàipear:</b>	4.2
<b>Neach-labhairt:</b>	Calum Rothach, Ceannard Foghlaim is Phlanaichean
<b>Pàipearan-taic:</b>	PT 1 Aithisg dearcnachaidh

## 1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo a' toirt aithisg air dearcnachadh phlanaichean reachdail 2024-25 fa-near do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh.

## 2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Chaidh pàipear a' toirt ùrachadh fios air adhartas le pròiseas nam planaichean Gàidhlig reachdail a thoirt do Bhuill Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air 20 Samhain 2025.
- 2.2. Tha iomradh anns a' phàipear sin air adhbharan nan dàilichean ann am pròiseas nam planaichean. Le bhith air deireadh leis a' phròiseas thathas fhathast ag obrachadh air dearcnachadh buileachadh phlanaichean 2024-25.
- 2.3. Tha an aithisg seo a' toirt seachad fiosrachaidh mu chur-an-gnìomh nam planaichean reachdail ann an 2023-24 agus 2024-25.
- 2.4. Thathas cuideachd a' toirt àrd-shealladh air eagrain phlanaichean a fhuair aonta rè nam bliadhnaichean seo.
- 2.5. Tha cruinneachadh dàta dearcnachaidh Bhòrd na Gàidhlig a-nis stèidhichte mar phàirt de dh'obair sgrùdaidh àbhaisteach sgioba phlanaichean reachdail Bhòrd na Gàidhlig.
- 2.6. Thig aithisg air dearcnachadh planaichean Gàidhlig reachdail 2025-26, nuair a tha sin aig ìre, do choinneamh a' Bhùird-stiùiridh.
- 2.7. Chaidh an dreach aithisg, ri fhaicinn aig Pàipear taic 1, ullachadh ri linn phrìomh chomharra coileanaidh 5.3 ann am plana-ghnìomh 2025-26 aig Bòrd na Gàidhlig, agus ann an co-rèir le gealltanasan sa Phlana Chorpóra 2023-28.
- 2.8. Chithear gu bheil cuid de dh'ùghdarrasan air a bhith ann an neo-ghèilleadh reachdail fon lagh eadar 2024 is 2025, ach gu bheileas air iad sin a thoirt air ais gu gèilleadh

reachdail bhon a thòisich sgioba iomlan nam planaichean aig toiseach na Dàmhair 2025.

2.9. Chan eileas ag ainmeachadh ùghdarrasan fa-leth a thaobh gnothaichean dearcnachaidh san aithisg seo.

### 3. Moladh

3.1. Gum bi na Buill toirt fa-near don fhiosrachadh ann am Pàipear taic 1.

### 4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil gin ann.
- 4.2. Buidhean air Trèanadh: Chan eil gin ann.
- 4.3. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra: Tha dlùth cheangal ann eadar an aithisg seo agus a bhith a' coileanadh prìomh chomharra coileanaidh 5.3 agus amasan nas fharsainge a' Phlana Chorporra.
- 4.4. Buidhean air Cliù: Chan eil gin ann.
- 4.5. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.
- 4.6. Buidhean Laghail: Tha am pròiseas airson dearcnachadh buileachadhaidh planaichean reachdail ùghdarrasan poblach stèidhte ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 .
- 4.7. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh dhìreach air co-ionannas san aithisg seo ach bidh oifigearan a' Bhùird a' cumail sùil air cùisean co-ionannachd mar phàirt den phròiseas dearcnachaidh.
- 4.8. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil gin ann.

### 5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Òigridh	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input type="checkbox"/>		

### 6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near don aithisg seo air 11 Ògmhios 2026.

### 7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

## Pàipear taic 1: Aithisg Dearcnachaidh air Planaichean Gàidhlig Reachdail 2024/25


Tha an aithisg seo air ullachadh gus àrd-shealladh a thoirt seachad air adhartas le cur-an-gnìomh nam planaichean cànan reachdail ann an 2024-25, ann an co-rèir le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar ghnìomh àbhaisteach, thèid aithisgean buileachaidh bliadhnaile iarraidh bhon a h-uile ùghdarras poblach aig a bheil plana cànan Gàidhlig reachdail.

### Ùghdarrasan poblach le planaichean Gàidhlig reachdail

An ceartair (2026) tha 70 buidhnean poblach an-sàs ann am pròiseas reachdail nam planaichean Gàidhlig; tha 5 dhiubh sin ag ullachadh phlanaichean son a' chiad uair agus 65 a' buileachadh eagrain phlanaichean a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig mu thràth. Am measg nan ùghdarrasan seo aig a bheil planaichean reachdail aontaichte tha:

- 30 Ùghdarrasan ionadail
- 18 Buidhnean poblach neo-roinneil (NDBP)
- 4 Oilthighean
- 3 Seirbheisean èiginn (is Ùghdarras Poilis na h-Alba)
- 3 Buidhnean-gnìomha an Riaghaltais
- 2 Cholaiste foghlaim àrd-ìre
- 2 Bhòrd slàinte
- Riaghaltas na h-Alba
- Buidheann Corporra Pàrlamaid na h-Alba

Fig. 1. Planaichean reachdail a rèir roinn



## Leasachadh, ùrachadh is aonta nam planaichean reachdail 2024/25

Aig 31 Màrt 2025 bha 64 ùghdarras poblach le planaichean Gàidhlig reachdail. Chaidh 7 eagrain ùra de phlanaichean reachdail aontachadh le Comataidh Poileasaidh is Goireasan (CPG) Bhòrd na Gàidhlig ann an 2024-25. Tha na h-eagraim phlanaichean iomchaidh seo ri fhaicinn sa chlàr gu h-ìosal:

2024/25	
Coinneamh	Eagraim gan aontachadh
CPG 7.5.2024	Eagran 4, Comhairle na Gàidhealtachd
	Eagran 4, Comhairle Baile Dhùn Èideann
	Eagran 3, Comhairle Pheairt is Cheann Rois
CPG 10.9.2024	Eagran 2, Comhairle Rinn Friù an Ear
CPG 28.2.2025	Eagran 2, Comhairle Mhoireibh
	Eagran 3, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Trosaichean
	Eagran 3, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

## Buileachadh is sgrùdadh nam planaichean reachdail 2024/25

'S e gnìomh àbhaisteach aig sgioba phlanaichean reachdail Bhòrd na Gàidhlig dearcnachadh a thoirt seachad air buileachadh nam planaichean reachdail tro chuairt bhliadhnail nan coinneamhean taic is lèirmheis againn, is tro ar n-obair sgrùdaidh air aithisgean buileachaidh. An-dràsta thèid iarraidh air ùghdarrasan poblach iomchaidh, air ceann-latha aonta foirmeil nam planaichean aca, aithisgean buileachaidh reachdail a thoirt a-steach dhuinn. Bìtear a' cur na cumhachd seo gu feum ri linn fho-earrannan 6(1)(a)-(b) de dh'Achd 2005.


Bhathas air aithisgean buileachaidh bhon a h-uile 64 ùghdarras a bhios a' cur phlanaichean an gnìomh an ceartair (mar a chaidh aontachadh ron t-Samhain 2025) iarraidh airson 2023/24 no 2024/25 nuair a chaidh an aithisg seo a sgrìobhadh.

Sa Ghiblean 2026, bhathas air adhartas cur-an-gnìomh nam planaichean aig 58 ùghdarrasan poblach a lèirmheasadh airson 2023/24 (90%) agus le 46 ùghdarras airson 2024/25 (72%). Air sgàth 's gu bheil aithisgean buileachaidh reachdail air an iarraidh air ceann-latha aonta foirmeil nam planaichean, thathas ag iarraidh air diofar ùghdarrasan na h-aithisgean aca a chur a-steach a rèir diofar chinn-laithean tron bhliadhna. Mar sin dheth thathas an dùil gun tèid cuairt dearcnachaidh nan aithisgean son na bliadhna ionmhasail 2024/25 a choileanadh ro dheireadh na bliadhna seo (2026).

'S ann a tha Figearan 2 agus 3 (gu h-ìosal) a' sealltainn adhartais ann an cur-an-gnìomh nam planaichean reachdail leis a h-uile 64 ùghdarras poblach iomchaidh rè na h-ùine fon phrosbaig. Rè 2023/24, chaidh a mheas gun do rinneadh adhartas iomchaidh le cur-an-gnìomh phlanaichean le 52 ùghdarras poblach a bhathas gan dearcnachadh tron chuairt lèirmheis bliadhnail againn (81%). Chaidh a mheas gun do rinn 6 ùghdarrasan


(9%) adhartas neo-iomchaidh rè na bliadhna, no bha iad seo air dheireadh le cur-a-steach nan aithisgean aca. Bha 6 ùghdarrasan a bharrachd (9%) ann an neo-ghèilleadh le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ann an diofar dhòighean rè na h-ùine seo, ge b' e an robh iad air dheireadh le cur-a-steach nan eagrain phlanaichean reachdail ùra, no a-mach à conaltradh leis na h-oifigearan againn fad ùine mhòir.

**Fig. 2. Buileachadh nam planaichean reachdail 2023/24 (N=64)**



Ged a tha àireamh às a' cheud nas ìsle (72%) air aithisgean buileachaidh 2024/25 aca a chur a-staigh do Bhòrd na Gàidhlig (deireadh a' Ghiblein 2026), tha figear 3 (gu h-ìosal) a' sealltainn adhartais le cur-an-gnìomh phlanaichean leis na h-ùghdarrasan a tha air am measadh son na h-ùine seo fhathast:

**Fig. 3. Buileachadh nam planaichean reachdail 2024/25 (N=64)**



